



AINGLEAN CHUAL SINN GU H-ARD

AINGLEAN CHUALA SINN GU H-ARD,
SEINN CHO MILIS FEADH AN AIT'
NA BEANTANAN CO-SHEIRM AN CIUIL,
'S MAC-TAL' A'FREAGAIRT BOIDHEACH CIUIN

[SEIST:]

SEINN MOLADH AGUS GLOIR,
MOLADH AGUS GLÒIR, MOLADH AGUS GLÒIR
DO DHIA

AN DARNA PEARSA NAOMH DEN TRIAN
AN DARNA PEARSA NAOMH DEN TRIAN

CIOBAIREAN CARSON AR DUAN,
CARSON A THA E ALAINN BUAN
INNSIBH DHUINN UR NAIDHEACHD GHAOIL,
DHUISG SIBH SUAS GU CEOL BHO NEAMH

THIG GU BETHLEHEM, THIG IS CHI,
CHI THU'N TIGHEARNA DIA DO RIGH
LUB DO GHLUIN, 'S THOIR ADHRADH DHA,
CRIOSD A'RUGADH DHUINN NA PHAIST.



ALLELUIA

THA SINNE AIR AN RATHAD MOR,
A' LORG AM PRIONNSA COIR
AR SLIGHE SABHAILT', SOILLEARACHD IS STOLDA;
TOIRT TIODHLAICEAN GUN DIOLADH FHEIN,
ACH GRADH CHO BLATH MAR PHLAIDE GREIN'
A' SGAOILEADH DION A CHAOIDH; OH ALLELUIA
ALLELUIA
ALLELUIA
ALLELUIA
ALLELUIA

THA SINNE AIR AN RATHAD FHATHAST,
A' LORG TRO NA LINNTEAN GASD'
SLIGHE SABHAILT, SOILLEIREACH IS STOLDA;
LEANABH NA LAIGHE LE DOCHAS TROM
SOLAS NAN RIONNAG AIR BEUL 'S AIR BONN
A' SGAOILEADH GAOL A CHAOIDH; OH ALLELUIA.
ALLELUIA
ALLELUIA
ALLELUIA
ALLELUIA
ALLELUIA
ALLELUIA
ALLELUIA
ALLELUIA





ANNS AN DUBHLACHD GHEAMHRAIDH

ANNS AN DÙBHLACHD GHEAMHRAIDH,
LANN SA GHAOITH A TUATH,
B'IARANN ÙIR NA TALMHAINN,
'S AIBHNEAN REÒDHTA CRUAIDH;
CATHADH SNEACHD' CHUIR DALL BHRAT
THAR GACH SLIABH,
ANNS AN DÙBHLACHD GHEAMHRAIDH
FAD' O CHIAN.

DIA MÓR THA CHO BUADHMHOR,
UACHD' RAN THAR GACH NÌ
TALAMH 'S SPEUR TH' AIR FUADACH
NUAIR THIG E MAR RÌGH;
ACH 'SAN DÙBHLACHD GHEAMHRAIDH
CONNLACH PRASAICH DHÌON,
'S SHOCRAICH LEABAIDH 'N LEANABAIN,
IOSA CRÌOSD.

AINGLEAN IS ÀRD-AINGLEAN
SHEINN AN CÒSIR BHINN,
CERUBIM IS SERAPHIM
CHRUINNICH OS A CHINN;
GED NACH D'AITHNICH CÀCH E
ACH A-MHÀIN AN ÒIGH,
B'ADHRADH DO'N FHEAR GHRÀDHACH
BLÀTHS A PÒIG.

CIOD A DHÌOLAS TRUAGHAN
MAR THA MI NIS DHÀ?
NAN ROBH MI 'NAM BHUACHAILL,
THAIRGSINN UAN LE GRÀDH;
GLIOCAS INNTINN LÙIGINN
ANN A CHÙIS BHITH STRÌ;
SIN DÌOLAM DHÀ LE SUNNDACHD
UMHLACHD CRÌDH'.



BÀ MO LEANABH BEAG BÀ

ANN AM BAILE FADA BHUAINN
RUGADH LEANABH BHEAG AN ÀIGH
ANN AM PRASACH BLÀTH AN STÀBALL
IOSA CHRIOSD AR TIGHEARN' AR RÌGH
BÀ, BÀ, BÀ, BÀ-BÀ, BÀ MO LEANABH BEAG BÀ





DÙISGIBH, GLAGAN BINN

DÙISGIBH, GLAGAN BINN
DÙISGIBH, GLAGAN BINN
BÈIBIDH ANN AN STABUL
A RUGADH E DHUINN

BUAIL BOIS BUAIL BOIS
BÈIBIDH ANN AN STABUL
BUAIL BOIS BUAIL BOIS
A RUGADH E DHUINN
A RUGADH E DHUINN



ÉISD 'SAN IARMAILT ORAN BINN

ÉISD SAN IARMAILT ÒRAN BINN:
GLÒIR GUN CHRÌCH DO RÌGH NAN RÌGH;
SÌTH AIR THALAMH 'S TRÒCAIR SHÈIMH,
DIA IS DAOINE RÈIDH RI CHÈIL'.
DUISGIBH SUAS, A SHLUAIGH, GU LÈIR,
'S FREAGRAIBH CAITHREAM BU Aidh NAN SPEUR;
TOGADH TALAMH 'S NÈAMH AN GUTH:
RUGADH IOSA CRÌOSD AN DIUGH.

SÉIST:

ÉISD SAN IARMAILT ÒRAN BINN:
GLÒIR GUN CHRÌCH DO RÌGH NAN RÌGH.

CRÌOSD, DHAN TOIR NA NÈAMHAN CLIÙ,
CRÌOSDA, TIGHEARNA MÓR NAN DÙL
SEALL E TIGHINN AIG CRÌOCH NAN LINN,
MAC NA H-ÒIGH 'S E BÀIDHEIL RINN.
SEALL AN DIADHACHD ANNS AN FHEÒIL,
SGÀIL NA DAONNACHD AIR A GHLÒIR:
GHABH E TLACHD AN COMANN DHAOIN',
IOSA, AR IMANUEL CAOMH.

FÀILT' DO PHRÌONNS' NA SÌTH ON ÀIRD!
FÀILT' DO SHOLAS GRIAN AN ÀIGH!
BHEIR E BEATHA DO GACH AON,
SLÀINT' FO SGÈITH DO CHLANN NAN DAOIN';
CHUIR E UAITH' A GHLÒIR LE GRÀDH
GUS AR DÌON BHO CHUMHACHD BÀIS;
TOGAR LEIS-SAN DAOINE SUAS,
'S NÌ E IAD NAN GINEAL NUADH.



FADA CIAN ANN AN STÀBALL

FADA CIAN ANN AN STÀBALL,
GUN LEABaidH GUN TÀMH,
THA IOSA NA SHÌNEADH GUN TUAR AIR AN LÀR;
THA NA REULTAN 'S NA NÈAMHAN A' SEALLTAINN A-NUAS
AIR AN LEANABH BHEAG BHÌODACH CHO DÌBLIDH 'S CHO
FUAR.

THA'N CRODH LE 'N CUID GEUMRAICH GA DHÙSGADH À
SUAIN,
ACH IOSA NA ÉIGINN, CHA CHAOIN E 'S CHA GHLUAIS.
MO GHAOIL ORTSA, IOSA! O SEALL ORM A-NUAS
IS FUIRICH RI M' THAOBH GU 'N TIG MADAINN MU 'N
CUAIRT.


FAN DLÙTH DHOMH, THIGHEARN' IOSA, NA FÀG MI RI M'
BHEÒ,
RI M' THAOBH A' TOIRT GAOIL DHOMH GUS AM FÀG MI AN
DEÒ;
BEANNAICH CLANN BHEAG AN T-SAOGHAIL FO D' CHÙRAM
'S FO D' THREÒIR,
LOS GU MEAL SINN DO NAOMHACHD 'NAD RÌOGHACHD 'S
NA NEÒIL.



GLAGAN BINN GLAGAN BINN

GLAGAN BINN GLAGAN BINN
GLAGAN SIUD 'S AN SEO
THA SINN UILE TOILICHTE
BODACH NOLLAIG CHOIR HO!

NI SINN BODACH SNEACHD
LE CURRAIN AGUS AD
NI SINN SABAID SNEACHD
AIRSON AN LATHA AIR FAD
ITHE SINN AR BIADH (YUM YUM)
TORR RI ITH 'S RI ÒL
COIMHEAD AIR AN TEILIDH
IS EISTIDH SINN RI CEOL.





NOLLAIG CHRIDHEIL

NOLLAIG CHRIDHEIL DHUIBH UILE,
NOLLAIG CHRIDHEIL DHUIBH UILE,
NOLLAIG CHRIDHEIL DHUIBH UILE,
AGUS BLIADHNA MHATH ÛR.



O CRAOBH-NA NOLLAIGE

O CRAOBH-NA NOLLAIGE, O CRAOBH NA NOLLAIGE,
DÈ CHO UAINÈ 'SA THA NA DUILLÈAGAN AGAD.
CHAN È A-MHÀIN GU BHEIL THU UAINÈ AIG ÀM SAMHRAIDH,
CHAN È, EADHON SA GHEAMHRADH, NUAIR A THA È A 'SNEACHDA:
O CRAOBH-NA NOLLAIGE, O CRAOBH NA NOLLAIGE,
DÈ CHO UAINÈ 'SA THA NA DUILLÈAGAN AGAD!

O CRAOBH-NA NOLLAIGE, O CRAOBH NA NOLLAIGE,
IS TOIGH LEAM DHÒMHSA!
DÈ CHO TRIC NACH EIL AIG ÀM NA NOLLAIGE
THA CRAOBH AGAD THU A 'DEANAMH GÀIRDEACHAS ORM!
O CRAOBH-NA NOLLAIGE, O CRAOBH NA NOLLAIGE,
IS TOIGH LEAM DHÒMHSA!

O CRAOBH-NA NOLLAIGE, O CRAOBH NA NOLLAIGE,
THA DO DHUBH AIRSON RUDEIGIN A THEAGASG DHOMH!
AN DÒCHAS AGUS MAIREANNACH
TOIRT COMHFHURTACHD IS NEART AIG ÀM SAM BITH!
O CRAOBH-NA NOLLAIGE, O CRAOBH NA NOLLAIGE,
THA DO DHUBH AIRSON RUDEIGIN A THEAGASG DHOMH!





O THIGIBH, A CHAOMH -SHLUAGH

O THIGIBH, A CHAOMH-SHLUAGH,
TOGARRACH IS AOIBHNEACH,
O THIGIBH, O THIGIBH GU BETHLEHEM.
THIGIBH IS CHÌ SIBH
AN NAOIDHEAN, RÌGH NAN AINGLEAN;

[SÉIST:]

O THUGAMAID DHÀ ADHRADH,
O THUGAMAID DHÀ ADHRADH,
O THUGAMAID DHÀ ADHRADH,
RÌGH NA GLÒIR.

FÌOR DHIA, O FHÌOR DHIA,
SOILLS' ON T-SOILLSE SHÌORRAIDH;
CHA BU NÌ RO SHUARACH LEIS A BHREITH LE OIGH:
MAC AN ATHAR SHÌORRAIDH
GINTE, CHAN ANN DÈANTE;

O AINGLEAN NA GLÒRACH,
SEINNIBH CAITHREAM-BUAIDH DHÀ,
A' LÌONADH NAN NÈAMH LE FUAIM UR CRUITEAN ÒIR.
GLÒIR AGUS MOLADH
BIODH DO DHIA SNA H-ÀRDAIBH;

O FÀILTE DO'N TIGHEARNA
RUGADH GUS AR SAORADH;
DHAD AINM-SA RO UASAL GU ROBH CLIÙ GU BRÀTH.
FACAL AN ATHAR
NIS AIR TEACHD 'SAN DAONNDACHD;



PRIOB-PRIOB PRIOB-PRIOB

PRIOB, PRIOB, PRIOB, PRIOB RIONNAG BHEAG

SAOIL A-NIS CÒ THU NO DÈ?

ÀRD OS CIONN AN T-SAOGHAIL GU LÈIR

'S TU MAR GHRÌOGAG ANNS AN SPEUR

PRIOB, PRIOB, PRIOB, PRIOB RIONNAG BHEAG

SAOIL A-NIS CÒ THU NO DÈ?



RINN SINN BODACH SNEACHD AN-DIUGH

RINN SINN BODACH SNEACHD' AN-DIUGH
RINN SINN BODACH SNEACHD' AN-DIUGH
RINN SINN BODACH SNEACHD' AN-DIUGH
BODACH REAMHAR SNEACHDA

BODACH MÒR LE SÙILEAN DUBH
BODACH MÒR LE SÙILEAN DUBH
BODACH MÒR LE SÙILEAN DUBH
BODACH REAMHAR SNEACHDA

(CHORUS)

STOC MU AMHAICH 'S AD MU CHEANN
STOC MU AMHAICH 'S AD MU CHEANN
STOC MU AMHAICH 'S AD MU CHEANN
BODACH REAMHAR SNEACHDA

(CHORUS)

BODACH BOCHD LE CASAN FUAR
BODACH BOCHD LE CASAN FUAR
BODACH BOCHD LE CASAN FUAR
BODACH REAMHAR SNEACHDA



THA E TIGHINN ANN AN CABHAG

THA E A' TIGHINN ANN AN CABHAG, THA E A' TIGHINN - CÒ E?
THA E A' TIGHINN ANN AN CABHAG, THA E A' TIGHINN - CÒ E?
THA E A' TIGHINN ANN AN CABHAG, A' TIGHINN ANN AN CABHAG.
A' TIGHINN ANN AN CABHAG, THA E A' TIGHINN- CO E?

BIDH PREUSANTAN AGUS SUITEAS NA MO STOCAINNEAN.
BIDH PREUSANTAN AGUS SUITEAS NA MO STOCAINNEAN.
BIDH PREUSANTAN AGUS SUITEAS,
TEOCLAID IS RUDAN MILIS.
BIDH PREUSANTAN AGUS SUITEAS NA MO STOCAINNEAN.

BIDH E A' TIGHINN AIR AN OIHCHE, BIDH E A' TIGHINN - CÒ E?
BIDH E A' TIGHINN AIR AN OIHCHE, BIDH E A' TIGHINN - CÒ E?
BIDH E A' TIGHINN AIR AN OIHCHE,
A' TIGHINN AIR AN OIHCHE, TIGHINN AIR AN OIHCHE.
BIDH E A' TIGHINN - CÒ E?

CÒ EILE ACH SANTA, SANTA CLAUS - HO HO HO!
CÒ EILE ACH SANTA, SANTA CLAUS - HO HO HO!
CÒ EILE ACH SANTA, CÒ EILE ACH SANTA, CÒ EILE ACH SANTA,
SANTA CLAUS - HO HO HO!
CÒ EILE ACH SANTA, CÒ EILE ACH SANTA, CÒ EILE ACH SANTA,
SANTA CLAUS - HO HO HO!
